

24 Sultain 2024

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Anns an Dàmhair 2023, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh litir air Sgoil Ùige. Mhìnich an litir grunn raointean leasachaidh, a dh'aontaich sinn le Sgoil Ùige agus Comhairle nan Eilean Siar. O chionn ghoirid, mar as dòcha gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air Sgoil Ùige a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris an àrd-cheannard agus an luchd-obrach. Dh'innis an t-àrd-cheannard agus luchd-obrach eile dhuinn mu na ceumannan leasachaidh a tha Sgoil Ùige air a ghabhail. Thug sinn sùil air raointean sònraichte a chaidh a comharrachadh sa chiad sgrùdadh. Mar thoradh air sin, fhuair sinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh agus dè cho math 's a tha seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanadh na cloinne. Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn.

Bhon sgrùdadh thùsail, thug an t-àrd-cheannard taic do Sgoil Ùige, a' gabhail a-steach rè an sgrùdaidh a bharrachd. Cha robh an ceannard seasmhach an làthair aig àm an sgrùdaidh a bharrachd. Bha cuid eile den luchd-obrach nach robh an làthair rè an sgrùdaidh a bharrachd. Bhon Dàmhair 2023 gu Faoilleach 2024, thug ceannard sa Chomhairle taic don cheannard sheasmhach agus don luchd-obrach aig Sgoil Ùige.

Meudaich ceannardas agus astar leasachaidh prìomh raointean a bheir buaidh air ionnsachadh agus coileanadh, stèidhichte air dòighean fèin-luachaidh làidir. Bu chòir prìomh dhleastanasan a bhith aig raon de luchd-ùidh, a' gabhail a-steach sgioba an luchd-obrach, pàrantan agus clann, airson leasachaidhean a thoirt air adhart san sgoil.

Chan eil adhartas gu leòr san raon leasachaidh seo.

Thòisich an ceannard taice gu soirbheachail a' toirt comhairle do thidsearan air planadh a' churraicealaim agus measadh. Thug i taic cuideachd do stiùireadh ro-innleachdail na sgoile le bhith a' soilleireachadh a' churraicealaim. Chaidh comas a thoirt do thidsearan ionnsachadh na cloinne a leasachadh, ged nach eil seo cunbhalach fhathast.

Airson a' mhòr-chuid den ùine, tha tidsearan a' leasachadh eòlasan na cloinne anns a' chlas. Tha beagan leasachaidhean a' tachairt ann an adhartas cloinne ann an litearrachd agus Beurla is Gàidhlig, agus àireamhachd is matamataig. Feumaidh an ceannard seasmhach stiùireadh ro-innleachdail a leasachadh fhathast ann an ionnsachadh, measadh agus coileanadh cloinne.

Tha feum aig luchd-obrach air deagh ionnsachadh proifeiseanta a thaobh leasachadh agus feumalachdan ùra Sgoil Ùige. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach feumalachdan taice a bharrachd, planadh a' churraicealaim, àrdachadh coileanaidh, leasachadh ro-innleachdan leughaidh is sgrìobhaidh, Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus Foghlam tron Ghàidhlig.

Tha pàrantan/luchd-cùraim airson barrachd pàirt a ghabhail ann an Sgoil Ùige. Tha iad toilichte fiosrachadh nas fheàrr fhaighinn mun churraicealam. Feumaidh piseach a thighinn air conaltradh agus co-obrachadh eadar àrd-stiùirichean agus pàrantan/luchd-cùraim. Chan

eil pàrantan/luchd-cùraim air a bhith an sàs ann an deasachadh a' phlana leasachaidh. Feumaidh barrachd com-pàirteachaidh a bhith aca mu chùisean cudromach san sgoil.

Feumaidh Sgoil Ùige gluasad a dh'ionnsaigh cultar de spèis eadar an luchd-obrach air fad. Feumaidh an t-ùghdarras foghlaim obair sa bhad gus dèanamh cinnteach gum bi àrd-cheannardan agus rèiteachaidhean luchd-obrach ann san fhad-ùine airson Sgoil Ùige.

Leasaich agus cleachd poileasaidh airson foghlam làn bhogaidh gus adhartas cloinne agus am fileantachd ann an Gàidhlig a neartachadh. Bu chòir seo càileachd agus iomlanachd làn bhogaidh a chur am meud thar gach raon de dh'ionnsachadh cloinne.

Tha clann fhathast a' dèanamh tòiseachadh cudromach air fileantachd sa Ghàidhlig le bhith a' frithealadh Sgoil-àraich Ùige. Bidh luchd-dreuchd, còmhla mar sgioba, a' cruthachadh sàr eòlasan làn-bhogaidh. Tha a' chlann a' tuigsinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig gu fìor mhath. Aig ìrean na bun-sgoile, tha luchd-obrach a' dèanamh beagan adhartais aig na h-ìrean làn-bhogaidh agus tùs-bhogaidh. Mar a bhios clann a' gluasad tro Sgoil Ùige, tha leasachadh an eòlasan bogaidh fhathast na prìomhachas.

Tha an ceannard seasmhach air poileasaidh bogaidh a chruthachadh. Chan eil pàrantan/luchd-cùraim air a bhith an sàs ann an seo. Feumaidh am poileasaidh a bhith nas ro-innleachdail agus stèidhichte air co-theacs Sgoil Ùige. Feumaidh e comhairleachadh mu bhith a' cumail clann ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, gun a bhith a' gluasad gu Foghlam Meadhan Beurla. Tha seo fìor chudromach agus bu chòir dha prìomhachas fhaighinn gu luath.

Tha Gàidhlig ri faicinn agus ri cluinntinn anns na clasaichean, agus àiteachan co-roinnte de Sgoil Ùige, leithid an talla-bidhe. Bidh clann a' cumail ghnàthasan cràbhach tron Ghàidhlig gach latha. Tha cothrom nas fheàrr aig clann air leabhraichean Gàidhlig agus Beurla. Tha iad a' dèanamh gu math ann an tachartasan cànan is cultair nàiseanta, leithid a' Mhòid agus Cuach na Cloinne (co-fharpais ball-coise tro mheadhan na Gàidhlig).

Lean air adhart a' leasachadh a' churraicealaim gus a bhith soilleir mun adhartas a tha clann a' dèanamh agus iad a' gluasad bho ìre gu ìre aig Sgoil Ùige. Bu chòir modhan-obrach soilleir a bhith aig tidsearan airson leughadh agus sgrìobhadh a leasachadh, ann an Gàidhlig agus Beurla, slàinte is sunnd agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

Tha beagan adhartais air a bhith ann san raon leasachaidh seo.

Tha tidsearan air obair gu math gus tòiseachadh air dèiligeadh ri pàirtean den raon leasachaidh seo. Bha iad ag obair còmhla ris a' cheannard iasaid gus piseach a thoirt air an dòigh 's a bheil iad a' planadh ionnsachadh. Tha tidsearan a-nis a' cleachdadh shlighean ùra gus ionnsachadh airson raointean curraicealaim a phlanadh. Is e deagh cheum a tha seo a dh'ionnsaigh dèanamh cinnteach gu bheil clann a' togail air an ionnsachadh a rinn iad roimhe gu soirbheachail. Bu chòir do dh'àrd-luchd-stiùiridh cumail orra a' toirt taic do thidsearan ann a bhith a' planadh agus a' toirt air adhart leasachaidhean fad-ùine. Feumaidh àrd-luchd-stiùiridh dòigh-obrach làn-sgoile a dheasachadh gu luath a thaobh leughadh agus sgrìobhadh a theagasg ann an Gàidhlig agus Beurla. Bu chòir don cheannard sheasmhach dèanamh cinnteach gu bheil

prìomhachasan soilleir sa phlana leasachaidh gus taic a thoirt do mhodh-obrach làn-sgoile airson àrdachadh coileanaidh.

Bidh clann ann am Foghlam Meadhan Beurla ag ionnsachadh Gàidhlig ann an dòigh nas structarail agus nas dealbhaichte. Bidh tidsearan a' co-roinn abairtean na seachdaine agus a' cleachdadh Gàidhlig mar phàirt de na cleachdaidhean làitheil aca sa chlas. Tha clann moiteil às na sgilean Gàidhlig a tha iad a' togail. Bu chòir don sgioba luchd-obrach cumail orra ag obair còmhla ri clann airson dòighean a lorg gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chomharrachadh thairis air beatha agus obair Sgoil Ùige. Bu chòir togail air cho soirbheachail 's a bha seinn chunbhalach sa Ghàidhlig ann an curraicealam na cloinne.

Tog coileanadh cloinne anns a h-uile taobh de dh'ionnsachadh agus dèan feum nas fheàrr de dh'fhiosrachadh bho mheasadh, conaltradh proifeasanta agus coinneamhan tracadh.

Chan eil adhartas gu leòr san raon leasachaidh seo.

Tha clann a' tòiseachadh air adhartas nas fheàrr a dhèanamh nan ionnsachadh. Ach, faodaidh an coileanadh a bhith mòran nas àirde. Tha ceannardas aig na h-ìrean glè thràth de chlàradh agus cleachdadh fiosrachaidh mu adhartas agus coileanadh cloinne fa leth. Feumaidh tidsearan còmhraidhean cunbhalach agus brioghmhor a chumail leis a' cheannard sheasmhach mu am breithneachadh air adhartas cloinne. Tha cruaidh fheum air dòigh-obrach mhionaideach a stèidheachadh airson sgrùdadh a dhèanamh air adhartas agus coileanadh cloinne. Bu chòir seo ceangal a dhèanamh ri Slatan-tomhais nàiseanta agus fianais air dè as urrainn agus nach urrainn clann a dhèanamh fhathast. Tha an ceannard seasmhach air mìosachan measaidh a chruthachadh. Bheir seo stiùireadh do thidsearan air cuin a bu chòir measaidhean ann an litearrachd agus àireamhachd a chumail. Tha tidsearan fa leth a' tòiseachadh a' cleachdadh an fhiosrachaidh mheasaidh a chaidh a chruinneachadh gus am planadh a stiùireadh. Tha feum fhathast air dòigh-obrach ro-innleachdail a dheasachadh airson a bhith a' cruinneachadh agus a' mion-sgrùdadh fiosrachadh measaidh. Bheir seo taic do luchd-obrach gus beàrnan agus treandan ann an coileanadh a chomharrachadh agus dèiligeadh riutha.

Anns a' mhòr-chuid de leasan, bidh tidsearan ag innse adhbhar an ionnsachaidh, agus mar a bhios clann soirbheachail. Airson a' mhòr-chuid den ùine, bidh tidsearan a' toirt fios air ais cuideachail ann an labhairt agus sgrìobhadh do chlann air na tha iad a' dèanamh gu math agus na h-ath cheumannan aca. Tha mòr-chuid den chlann a' fàs nas misneachail ann a bhith a' bruidhinn mun deidhinn fhèin mar luchd-ionnsachaidh. Bu chòir do thidsearan togail air an deagh thoiseach tòiseachaidh seo agus taic a thoirt do chlann a bhith a' suidheachadh thargaidean nan ionnsachadh.

Tha tidsearan air pàirt a ghabhail ann am beagan ghnìomhan le co.-obraichean bho sgoiltean ionadail gus an tuigse air inbhean nàiseanta a neartachadh. Tha seo air fòcas a chur air dòighean gus sgrìobhadh a theagasg. Bu chòir do thidsearan leantainn air adhart a' leasachadh an tuigse air dùilean nàiseanta airson taic a thoirt dhaibh gus breithneachadh mhionaideach a dhèanamh air adhartas agus coileanadh cloinne. Bu chòir do thidsearan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig prìomhachas a thoirt do mhodaratadh èisteachd is labhairt mar phàirt chudromach de bhogadh. Tha clann ann am Foghlam Meadhan Beurla fhathast feumach air dòigh structarail gus aithne a thoirt don adhartas aca sa Ghàidhlig

(Luchd-ionnsachaidh). Bu chòir cuideachd adhartas cloinne a sgrùdadh is a thracadh mar phàirt de bhith air slighe gu fileantachd.

Dè thachras a-nis?

Chan eil Sgoil Ùige air adhartas gu leòr a dhèanamh bhon sgrùdadh thùsail. Bidh sinn a' conaltradh le Comhairle nan Eilean Siar a thaobh comas Sgoil Ùige a bhith a' leasachadh. Tillidh sinn a dhèanamh sgrùdadh eile air Sgoil Ùige taobh a-staigh sia mìosan bho thèid an litir seo fhoillseachadh. Bruidhnidh sinn ri Comhairle nan Eilean Siar mun sgrùdadh seo. Nuair a thilleas sinn a sgrùdadh Sgoil Ùige, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim a dh'innse dhuibh mun adhartas a rinn Sgoil Ùige.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh